

APS 1.79.66


LEABHAR AITH-GHEARR  
CEASNUIGHE

INVERNESS, 1813











APR. 1. 179. 66

LEABHAR AITHI-GHEARR

# C E A S N U I G H E,

AIR TUS AIR ORDI CHA LE

## COITHIONAL NAN

DIAGHAIRIBH AIG NIARMHINISTEER ANN


*SASGAN;*

LEIS AN D'AONTUIGH

ARD-SHEANNADH EAGLAIS NA

*HALBA,*

Chum a bhith na chuid eigin d'acn-mhodh Crabhuidh eidir Eaglaisibh **CHRIOST** ann sna tri **RIOGHACHDAIBH**. Air a chur na **GAILIC** le **SEANNADH EARRA-GHAIDH-EAL**, agus anois cuid do mhearrachdaibh a Chlo'bhualaidh air an Leasacha chum maith Coitcheann **GAIDAE-ALTACHD ALBA**.



Pubhlicneis:

**CLODH-BHUALT' LE A. FRISEAL AGUS A CHUIDEACHD**

1813.

An ABC Rhomanach.

A a b c d e f g h i j k l m n o p q r  
s t u v w x y z &

A B C D E F G H I J K L M N O P Q R  
S T U V W X Y Z

ā ſb ſk ſh ſt ſi ſi ſſ ſſ ſſ ſſ ſſ ſſ ſſ ſſ ſſ.

An ABC Eideilteach.

A a b c d e f g h i j k l m n o p q r  
s t u v w x y z &

A B C D E F G H I J K L M N O  
P Q R S T U V W X Y Z

ā ſb ſk ſb ſt ſi ſi ſſ ſſ ſſ ſſ ſſ ſſ ſſ ſſ.

LIBRARY OF  
227  
1979

Na Bhuelibh.

a e i o u y.

Na Consonantaibh.

b c d f g h j k l m n p q r s t v w x z.

NA PUING. , ; : . ? ! - O [] \* † ‡ § || ¶.

Ab	eb	ib	ob	uh	Al	el	il	ol	ul
ac	ec	ic	oc	uc	an	en	in	on	un
ad	ed	id	od	ud	ar	er	ir	or	ur
af	ef	if	of	uf	as	es	is	os	us
ag	eg	ig	og	ug	at	et	it	ot	ut

1 2 3 4 5 6 7 8 9 0



## C H E S T.

1. C. *CREUD is crìoch araid do'n Duine?*

F. Is i is crìoch araid do'n Duine Dia do Ghlorachadh, agus do Mhealtuin gu suthain.

2. C. *Creud a an Riaghail thug Dia Dhuinne d'ar teagasg chum's gu feadamaid eisin a ghlorachadh, agus a mhealtuin?*

F. Is e focal Dhe (ata air a chur sìos ann a Scrioptuiribh an t sein-tiomnuidh, agus an Tiomna-nuadh) ambain is riaghail dhuinne d'ar teagasg chum's gu feadamaid eisin a ghloracha, agus a mhealtuin.

3. C. *Creud ata na Scrioptuiribh gu h araid ag teagasg?*

F. Ata na Scrioptuiribh gu h araid ag teagasg, gach ni is coir do'n Duine chreidsin timchioll Dhe, agus an dleasdanas ata Dia ag iarraidh air an Duine.

4. C. *Creud e Dia?*

F. Dia is Spiorad e, ata neimh-chrìochnuigh-each, Bith-bhuan, neimh-chaochluieach, ann a Bhith, a Ghlocas, a Chumachd, a naombachd, a Cheartas, a Mhaitheas, agus Fhirinn.

5. C. *An bheil tuile De ann ach a h aon?*

F. Ni bheil ach a h aon ambain, an Dia beo fìor

6. C. *C'o lion Pearsa ata san Diahadh?*

F. Ata trì Pearsa san Diahadh, an t Athair, an Mac, agus an Spiorad naomh: agus an triarsa is aon Dia iad, ionnan ann a nàtar, coimheas ann a Cumhadh, agus ann an Glòir

7. C. *Creud iad orduighean De?*

F. Is iad, orduighean De a run siorruidh, do reir Comhairle a thoille, leis an d' orduigh se ro'-laimh chum a ghlòire fein, gach ni thig gu crìch.

8. C. *Cionnas ata Dia ag cur orduighean ann gnìomh?*

F. Ata Dia ag cur orduighean ann gnìomh ann oibrìbh a' Chruthaigh, agus an Fhreasdail.

9 C. *Creud is Obair Chruthaigh ann?*

F. Is i Obair an Chruthaigh, Dia a dheanadh nan uile nithe o neimh-ni, le Focal a Chumhachd, ann feadh se laethe, agus iad uile ro-mhaith.

10 C. *Cionnas do Chruthaigh Dia an Duine?*

F. Chruthaigh Dia an duine, Fear, agus Bean, do reir lomhaigh fein, ann eolas, Fìrinn-teachd, Naomhachd, le uachdranachd os-cionnan Creatuiribh.

11. C. *Creud iad Oibrìdh freasdail De?*

F. Is iad Oibrìdh Freasdail De, gu bhòil se ag coimhid, agus ag Riaghladh nan uile Chreatuiribh, le'n uile Ghnìomharaidh, gu ro-naomha, gu re-ghnìe, agus gu ro-Chumhachdach.

12. C. *Creud e an gnìomh araid Freasdail do rinn Dia do thoibh an Duine san staid ann do Chruthuicheadh e?*

F. An t am do Chruthaigh Dia an duine, do rinn se Coi'-cheangal beatha ris, ag iarraidh amhlachd iomlan air mar Chumhnant; agus ag toirmisg Dia ni air bith ithe do Chraoibh Eòlais maith agus uile, fuidh Phein a Bhàis.

13. C. *An d'fhan ar ceud-sinsir ann san staid ann do Chruthuicheadh iad?*

F. An bhith d'ar cead sinsiribh air am fagail gu saoise an toille fein, do thuiteadar o'n staid ann do Chruthuicheadh iad le peacadh ann agaidh Dhe.

14. C. *Ciod e Peacadh ?*

F. As e peacadh easbhuidh aontachadh Lagh Dhe, no briseadh an Lagh sin.

15. C. *Ciod e an Peacadh leis an do thuit ar Ceud sinsir o'n staid ann do Chruthuicheadh iad ?*

F. Do b'e an Peacadh leis an do thuit ar Ceud sinsir o'n staid ann do Chruthuicheadh iad gu d'ith siad an meas toirmisgt'.

16. C. *An do thuit an Cinneadh daona uil' ann Ceud pheacadh Adhamh ?*

F. Do bhith an Coi' cheangal air a dheanadh re Adhamh, ni amhain air a shon fein ach air son a shliochd: Uime sin, an Cinneadh daona uile do thainic anuas uaidh tre geinuilleach gnathaicht', do pheacuich iad ann-san, agus do thuit siad maille ris ann san cheud seachran.

17. C. *Creud i an staid gus an d'thug an leagadh ud an Cinneadh daona ?*

F. Do thug an leagadh ud an Cinneadh daona gu staid peacaidh agus truaighe.

18. C. *Creud e peacadh na staid sin gus ann do thuit an Duine ?*

F. Trid an leagadh ud, ata an Duine fuidh chionta cheud-pheacaidh Adhamh, fuidh easbhuidh na ceud fhireanteachd fuidh thruailleachd a natur gu h'iomlan (d'an goirear gu Coitchean Peacadh gein; agus fuidh gach uile Pheacadh gnìomh ata a' geintin uaithe sin.

19. C. *Creud i truaighe na staid sin ann do thuit an Duine ?*

F. Trid an leagadh ud, do chail an Cinneadh-daona uile an co'-chomunn re Dia, staid fuidh Fheirg agus Mhallacha Dhe agus mar sin, ataid fuidh gach uile thruaighe san ceud-s' fo'n Bhàs fein, agus fuidh Phiantadh fionn gu siorruidh.



20. C. *An d'fhag Dia an ctineadh daona uile gu bhí ceistí ann staid, peacaidh agus truaighe?*

F. Air tagha do Dhia da ghean maith fein, roimh thoiseach an t-shaoghaid, cuid eigin do na Daoine chum na beatha suthain, do rinn se Choircheangal-gbrasa d'an Saoradh O'staid Peacaidh, agus Truaighe, agus d'an tabhairt gu staid Slainte tríd Fear-saoruidh.

21. C. *Co e is Fear-saoruidh do Phobull taghta De?*

F. Is e is aon Fhear-saoruidh do Phobull taghta De, an Tighearna Iosa Críost ambain, neach air bhith dha na Mhac Siorruidh do Dhia, do rinneadh e na Dhuine, agus mar sin ata se ag fantain na Dhia, agus na Dhuine, ann da Natur eidir-dheallnicht agus ann aon phearsuin am feasd.

22. C. *Air bhith do Chríost na Mhac do Dhia, cionnus do rinneadh e na Dhuine?*

F. Do rinneadh Críost Mac Dhe na Dhuine, le Corp fíor, agus anam riásona do ghabhail chuige fein, air bhith dha le Cumbachd an Spiorad-naomh air a ghabhail am Broim Mhuire na h-Oighe agus air a bhreith le gidheadh as fheughais peacaidh.

23. C. *Ciod iad na dreachdan ata Críost ag cur an gníomh mar an Fear saoruidh-ne?*

F. Ata Críost mar air Fear-Saoruidh-ne ag cur ann gníomh dreachdan Faidh, Sagairt, agus Ríogh, araon, ann staid an Irisliche, agus an Arduiche.

24. C. *Cionnus ata Críost ag cur dreachd Faidh ann gníomh?*

F. Ata Críost ag cur dreachd Faidh ann gníomh, ann toill De chum air Slannighe fhoillvacha dhuinn, le Fhocal, agus le a Spiorad.

25. C. *Cionnas ata Criost ag cur dreachd Sagairt ann an gnìomh?*

F. Ata Criost ag cur dreachd Sagairt ann an gnìomh, ann e-fein do thabhairt suas aon uair na iobairt do dhioladh Ceartais De; agus do dheanadh air retigh re Dia; agus ann gnath-eidir ghuidhe a dheanadh air ar soinne.

26. C. *Cionnas ata Criost ag cur dreachd Rìogh ann an gnìomh?*

F. Ata Criost ag cur dreachd Rìogh ann an gnìomh, le sinne do cheansacha dha feiu do riaghladh; agus do sheasamh, agus le cosg a chur air na h uilidh is naimhde dha-san agus Dhuinne.

27. C. *Cia iad na nithe ann an roibh Criost air Irisleacha?*

F. Do bhi Criost air Irisleacha ann a bhith air a bhreith, agus sin ann an staid iseal, air a dheanadh fo'n Lagh, ag dol fo gach truaighe na beathasa, fo fheirg Dhe, agus fo Bhàs mall-uicht' na Croiche, ann a bhith air adhlacadh, agus ag fuireachd fo Chumbachd an bhàis re seall.

28. C. *Cia iad na nithe ann an raibh Criost air ardacha?*

F. Do bhi Criost air Ardacha ann a aiseirigh O na Marbhuibh air an treas la, ann a dhol suas air Neamh, ann a shuidhe air Deas-lair Dhe an Athair, agus ann a theachd do thabhairt breitheamhnas air an t shaoghal ann sau la dheirreanach.

29. C. *Cionnas atamaid air ar deanadh 'nar luchd Co'pairt d'on t saoirse do choisin Criost?*

F. Ata sinn air ar deanadh 'nar luchd Co'pairt d'on t saoirse do choisin Criost, leis an t saoirse sin a chur rinne gu h eifeachdach le a Spiorad naomha-san.

30. C. *Cionnas ata an Spiorad ag cur rinne na saoirse in do choisin Criost?*

F. Ata an Spiorad ag cur rinne na saoirse sin do choisin Criost, le Creideamb oibreacha ionnain leis an bheil e 'gar Coicheangal re Criost ann ar Gairm eifeachdach.

31. C. *Creud is Gairm eifeachdach ann?*

F. Is Gairm eifeachdach ann, obair Spiorad De, leis an bheil se 'gar fagail ris ionnain fein, am peacadh, Agus truaighe, ag Soillseachadh air 'nintinne ann eolas Chriost, ag ath-nuadhacha air toille, agus na lorg sin 'gar deanadh deonach agus comasach air Iosa Criost a dhlughabhail chugain, mar ata se air a thairgse dhuinn' gu saor ann san t soisgeul.

32. C. *Ciod iad na sochaire ata an droing ata air an gairm gu h eifeachdach ag faghail san bheatha so?*

F. Is siad na sochaire ata an droing sin ag faghail san bheatha so, Firinneacha, Uchmhacachd, agus Naomhacha; agus gach uile Shochair ata ag sruthagh uatha san bheathsa.

33. C. *Creud is Firineacha ann?*

F. Is Firinneacha gníomh saor ghrasa De, leis an bheil se ag maitheamb dhuinn ar' nuile pheacaidh, agus a' gabhail rinne mar Fhirinnibh ann na fhianais fein agus sin amhain airson Firinteachd Chriost air a meas dhuinne, agus air a ghabhail chugain le creideamb amhain.

34. C. *Creud is Uchd-mhacachd ann?*

F. Is i an Uchd-mhacachd, gníomh saor ghrasa De, leis an bheil sinn air ar ghabhail ann aireamh Chionne De, agus leis an bheil coir againn air gach uile Shochair, agus urram a bhuineas doibh.

35. C. *Creud is Naomhacha ann?*

F. An Naomhacha is obair saor-grasa De e, leis an bheil sinn air ar 'n ath-nuadhacha san



duine gu h-ìomlan do reir Ìomhaidh Dhè, agus air ar deanadh comasach ni is mo, agus ni is mo, chum bàsacha do pheacadh, agus chum blith beo do'n Fhirinteachd.

36. C. *Creud iad na Sochaire ata ann san bheatha so ann a Co'-chuideachd, na ag sruthagh o'n Fhirineacha, o' Uchd-mhacachd, agus o'n Naomhacha?*

F. Is iad na Sochaire ata san bheatha so ann an Co'-chuideachd, no ag Sruthagh uatha sin, dearbh-bheachd air Gradh Dhe, Sìothchaint Coguis, aoibhneas san Spiorad naomh, fas ann an Grasa, agus buan-mhairreachduin ann, gu teachd na criche deireannaich.

37. C. *Creud iad na Sochaire ata na Creidmhigh ag faghail O Chrìost, re h-am an bàis?*

F. Ata anamanna nan Creidmheach ri h-am an bàis, air an deanadh foirfe ann a Naomhachd, agus air ball ataid ag dol chum Glòire, agus air bhith do'n Corpaibh Sìor-cheangailt' re Chrìost nid-comhnuidh ann an Uaighibh gu nàig an ais-eirigh.

38. C. *Creud iad na Sochaire ata na Creidmhigh ag faghail O Chrìost ann san ais-eirigh?*

F. Ann san ais-eirigh, air bhith do na Creidmhigh air an dusgadh as an Uaighibh ann an Glòir, bhithigh siad air an aithneacha gu fellas agus air an lan-shaoradh ann la bhreitheamhais, agus air an deanadh uilebheannuicht' ann an Dia lan-mhealtuin gu Sìorruidh.

39. C. *Creud e an Dleasdanas ata Dia ag iarraidh air an Duine?*

F. Is e an dleasdanas ata Dia ag iarraidh air an Duine, umblachd da thoill ata air a' lèibheala.

40. C. *Creud i an Riaghail umblachd thug Dia do'n Duine air thoiseach?*

F. Do bi an Riaghail umblachd thug Dia do'n Duine air thoiseach, Lagh na Meadhanas.

41. C. *C' ait am bheil Lagh na Modhannaibh air a chur sios gu h aith ghearr iomlan?*

F. Ata Lagh' na Modhannaibh air a chur sios gu h aithghearr iomlan, ann 'sna deich Aitheantaibh.

42. C. *Creud is suim do'na deich Aitheantaibh?*

F. Is suim do na deich Aitheantaibh, an Tighearna ar Dia do ghradhacha le 'r 'n uile Chroidhe le 'r 'nuil' Anam, le 'r 'n uile Neart, agus le 'r 'n uile Intinn agus ar Coimhearsnach do ghradhacha mar sinn fein.

43. C. *Creud is Reamh-radh do na deich Aitheantaibh?*

F. Ata Reamh-radh nan deich Aitheantaibh, air a chur sios ann sna briathraibhs' (is mise an Tighearna do Dhia, neach a thug thusa as Talamh na Heiphte, agus as Tigh na daoirse.)

44. C. *Creud ata Reamh-radh nan deich Aitheantaibh ag teagasg Dhuinne?*

F. Ata Reamh-radh nan deich Aitheantaibh ag teagasg dhuinne, do bhri' gur e Dia is Tighearna ann, agus gur e is Dia, agus Fear-saoruidh dhuinne, uime sin gu bheil a dh'fhiacha oirne uile, Aitheantaibhsan do Choimhid.

45. C. *Cioll i an chead Aithne?*

F. Is i an chead Aithne (na biodh Dee eile agad ann am fhianaise.)

46. C. *Creud ata air iarraidh san chead Aithne?*

F. Ata an chead Aithne ag iarraidh, oirne, aithneacha, agus aidmheil, gur e Dia amhain an fìor Dhia, agus gur e air Diaine e, agus sinne adhradh, agus Glòir do thabhairt dha do reir sin.

47. C. *Creud ata air a thoirmisg san chead Aithne?*

F. Ata an chead Aithne ag toirmisg, an Dia fìor a sheanadh, no an t Adhradh, agus ann Glòir a dblighear Dha-san do thabhairt dh'ann neach eile.



48. C. *Creud ata air a thagasc dhuinne gu sonraicht' ann sna briathraibhs' san chead Aithne (an fhianaise.)*

F. Ata na briathrasa san chead Aithne (an fhianaise) ag teagasg dhuinne, gu bheil Dia do chi na h uile nithe, ag tabhairt aire do'n pheacadhsa, iodhon, Dia air bith eile do bhith againn, agus gu bheil se ro dhiombuich dheth.

49. C. *Ciod i an dara Aithne?*

F. Is i an dara Aithne, (Na dean dhuit fein Iomhaigh shnoichte no aon-chos-las nithe ata shuas air Neamb, no air Talamh a bhos, no 'san uisge fo Thalamh, na geillse dhoibh, agus na dean seirbhis dhoibh, oir mise Tighearna do Dhia, is Dia eudmhòr mi leannas aingiheachd nan Athriche air an Cloinn gu nuig an treas na an ceithramh ceim nan glungeimlibh, air an droing a fhuaitheachas mi, agus ag foillseacha trocair do mhiltibh do'n droing a ghradhuicheas mi, agus choimhideas m'Aitheantaibh.)

50. C. *Creud iarrar san dara Aithne?*

F. Ata dara Aithne ag iarruidh gach uile ghne Adhruidh, agus orduighe Dhiadhaigh, do iarr Dia ann a Fhocal, a ghabhail chugain, a chonbhail again, agus a choimhid gu glan iomlan.

51. C. *Creud ata an dara Aithne ag toirmisg?*

F. Ata an dara Aithne ag toirmisg, adhradh do Dhia trid Iomhaigh, no air mbodh air bith eile nach eil' orduicht' ann a Fhocal fein.

52. C. *Creud iad na Riasoin ata ceangailte ris an dara Aithne?*

F. Is iad na Riasoin ata ceangailte ris an darra Aithne, ard uachdrannach Dhe os ar cionn, an t shealbh-choir ata aig ionnuin, an Gradh-lasta, agus eud ata aige do Adhradh fein.

53. C. *Ciod i an treas Aithne?*

F. Is i an treas Aithne, (Na tabhair Ainm an Tighearna do Dhia ann diamhanas: oir ge b' e bheir ainm ann diamhanas, ni bu neimh-chionach ann fianals an Tighearna e, no ui a meas an Tighearna neimh-chiontach e.)

54. C. *Creud iarrar san treas Aithne?*

F. Ata an treas Aithne ag iarruidh, gnathacha naomha urrumach a dheanadh air Ainmibh, Tiodolaibh, Orduighean, Briathraibh, agus Oibrichibh Dhe.

55. C. *Creud ata air a thoirmisg san treas Aithne?*

F. Ata an treas Aithne ag toirmisg mi'-naomhacha, no mi'-ghnathacha air bith a dheanadh, air aon-ni leis an bheil Dia ga fhoillseacha fein.

56. C. *Ciod e an Riason ata air a cheangal ris an treas Aithne?*

F. Is e an Riason ata air a cheangal ris an treas Aithne, ge gu feadfuadh luchd briseadh na H aithne so dol saor O dhioghaltas do thaoibh Dhaoine, gidheadh ni fhailing an Tighearna ar Diaine dhoibh dol as O a cheart bhreitheamhas fein.

57. C. *Ciod i an ceathramh Aithne?*

F. Is i an ceathramh Aithne, (Cuimhnigh la na Saboid a choimhid naomha: ann se laithibh dean t obair, agus t uile shaothair, ach is e an seachda la, Saboid an Tighearna do Dhia; na dean aon obair san la sin, thu fein, no do Mhac, no t Inghin, t Oglach, no do Bhan-oglach, no t ainmuidh no do Choigreach ata an taobh a stigh do d'gheataibh: oir ann se laithibh do rian an Tighearna Neamh agus Talamh, an Fhairge, agus gach ni ata ionta, agus do ghabh se comhruidh an seachda la; uime sin do bheannuigh an Tighearna la na Saboid, agus do naomhuigh se e.)

58. C. *Creud iarrar san cheathramh Aithne?*

F. Ata an ceathramh Aithne ag iarruidh coimhid naomha do dheanadh do Dhia air na trathaibh suidhicht' a dhorduigh se ann a Fhocal, gu sonraichte aon la iomlan do na seachd laithibh, chum a bhith na Shaboid naomba dha fein.

59. C. *Co an la do na seachd laithibh a dhorduigh Dia bhith na Shaboid gach Seachduin?*

F. O thoiseach an t shaoghail a nuas gu nuig ais-eirigh Chrìost dhorduigh Dia an seachda la do bhì an Shaboid gach seachduin; agus riamh O sin leath, an cead la do'n t sheachduin a dh'fhantain, agus do ghnathacha gu deireadh an Domhain chum a bhì na Shaboid do na Criostuibh.

60. C. *Cionnas is coir an t Saboid a naomhacha?*

F. Is coir an t saboid a naomhacha, le tamh naomha do ghabhail re fad an la sin gu h iomlan, agus sin fos O ghnòthuichibh saoghalta, O aigher agus sugradh ata ceaduichte air laithibh eile; agus an uile aimsir sin bhùileache re oibrìdh-Crabhuidh gu diamhair, agus gu follasach, leath a muigh do'n mhead is ata iomchuidh re a chaitheamh re h oibrìbh na h eigin, agus na trocair.

61. C. *Creud ata air a thoirmisg san cheathramh Aithne?*

F. Ata an ceathramh Aithne ag toirmisg mi-naomhacha na Saboid le diamhanas agus neimh-churam ann oibrìbh an la sin, no fos le smuaintibh briathraibh, no gnìombaraibh neimh-fheimell air a ghnòthuicheadh Saoghalta, no re aigh-sugradh.

*od iad na Riasoin ata ceangailte ris an cheath-*

?

d na Riasoin ata ceangailte ris an Aithne, Dia do bhith ag ceadaich



dhuinne se laithe do'n t sheachduin d'ar gnoth-uichibh fein, agus a tagradh coir airigh dha fein air an t Sheachda la; agus an Eisempleir do thug se fein uaidh, agus gu do bheannuigh se la na Saboid.

63. C. *Ciod i an Cuigeadh Aithne?*

F. Is i an Cuigeadh Aithne, (Tabhair onoir do t Athair, agus do d' Mhathair: chum gu sin-cadh do laithe air an Fhearran do bheir an Tighearna do Dhia dhuit.)

64. C. *Creud iarrar san chuigeadh Aithne?*

F. Ata an cuigeadh Aithne ag iarruidh, an onoir do coimhid agus an dleasdanas do Choi-lionadh, ata dh'fhuacha do thabhairt do gach aon-neach a lorg an Imhe, agus an daimhe da cheile fa-leath, mar ataid ann airde, no 'u isle, no ann a Coi-meas Imhe.

65. C. *Creud ata air a thoirmisg san chuigeadh Aithne?*

F. Ata an cuigeadh Aithne ag toirmisg, ni air bith do dheanadh ata ann aghaidh na h onoir, agus an dleasdanas, a bhuineas do gach aon-neach a lorg a Imhe, agus an daimhe fa-leath da cheile.

66. C. *Ciod e an Riason ata ceungailte ris an chuigeadh Aithne?*

F. Is an e Riason ata ceungailte ris an chuigeadh Aithne, gealladh air sonnas, agus Saoghal fada do uile luchd coimhid na h aithne so, reir mar thig sin le Glòir Dhe, agus a maith fein.

67. C. *Ciod i an Seathadh Aithne?*

F. Is i an Seathadh aithne, (Na d bhadh.)

68. C. *Creud iarrar san t seathadh Aithne?*

F. Ata an seathadh Aithne ag iar uile dhicheall dligheach do dheana 'nanam fein, agus Anama dhaoine eile

69. C. *Creud ata air a thoirmisg san t seathadh Aithne?*

F. Ata an Seathadh Aithne ag toirmisg, ar 'n Anam do bhuinte asain fein, no as ar Coimhearsnach gu h ea-coireach: agus gach uile nithe a chuideachas gu sin a dheanadh.

70. C. *Ciod i an Seachdamh Aithne?*

F. Is i an Seachdamh Aithne, (Na dean adhaltranas.)

71. C. *Creud iarrar san t seachdamh Aithne?*

F. Ata an Seachdamh Aithne ag iarruidh, coimhid do bhli againn air ar Geamnuigheachd fein, agus geamnuigheachd air Coimhearsnaich, ann ar Croidhe, ann ar Caint, agus ann ar Beusaibh

72. C. *Creud ata an Seachdamh Aithne ag toirmisg?*

F. Ata an Seachdamh Aithne ag toirmisg, gach uile smuainteacha, Briathar, agus Gniomh neimh-gheanmnuigh.

73. C. *Ciod i an t Ochdamh Aithne?*

F. Is i an t Ochdamh Aithne, (Na dean goid.)

74. C. *Creud iarrar san Ochdamh Aithne?*

F. Ata an t ochdamh Aithne ag iarruidh, gach cuideachadh laghail do dheanadh chum air Saibhreas Saoghalta fein, agus Saibhreas dhaoine eile, a chur air aghaidh.

75. C. *Creud ata air a thoirmisg san Ochdamh Aithne?*

F. Ata an t Ochdamh Aithne ag toirmisg gach ai air bith a bhacas air Saibhreas Saoghalta fein, no Saibhreas air Coimhearsnaich gu h ea-coireach

76. C. *Ciod i an naoimh Aithne?*

F. Is i an naoimh Aithne, (Na dean fianais ann aghaidh do Choimhearsnaich.)

*Creud iarrar san naoimh Aithne?*

an naoimh Aithne ag iarruidh an fhu-  
Duine is Duine; agus ar deagh-ainm  
deagh-ainm ar coimh-earsnach do  
agus sin gu souraicht' an fianais do

78. C. *Creud ata air a thoirmisg san naoimh Aithne?*

F. Ata an naoiamh Aithne ag toirmisg gach ni ata ag cur leath-throm air an fhirinn, no ni ea-coir air ar deagh-ainm fein, no deagh-ainm air coimhearsuaich.

79. C. *Ciod i an deicheamh Aithne?*

F. Is i an deicheamh Aithne, (Na sanntaich dhuit fein teach do choimhearsnaich, na smuaintich dhuit fein bean do choimearsnaich, no oglach, no bhan-oglach, no dhamb, no asail, no aon ni eile a bhineas do d' choimhearsnach.)

80. C. *Creud iarrar san deicheamh Aithne?*

F. Ata an deicheamh Aithne ag iarruidh oirn, bhith lan toillichte le ar staid fein, maille re foun ceart agus inntin sheirceil do bhri ionnuin d'ar coimhearsnach, agus do gach uile ni a bhineas dia.

81. C. *Creud ata air a thoirmisg san deicheamh Aithne?*

F. Ata an deicheamh Aithne ag toirmisg, gach tallach air ar staid fein, gach doilleas, agus farmad re maith air coimhearsnaich, gach togra, agus miann anaeneast, chum aon-ni d'am bi aige.

82. C. *An bheil neach air bith comasach air Aitheantaibh Dhe do choimhid gu foirse?*

F. Cha n' fheadar le aon-neach nach 'eil ach na dhuine ambain, O chead thuitim air sinsir, Aitheanta Dhe do choimhid gu foirse san bheathuidhs', ach ata siad gach la ga'm briseadh ann smuaintibh, ann focal, agus ann gniomh.

83. C. *An bheil gach uile bhrieadh an lagh coir-meas an uambharachd?*

F. Ata cuid do pheacaidh ionta fein bhri-moran do nithe ata ga'n antromar uambaire na cheile ann fianais Dhe.

84. C. *Creud ata gach aon pheacadh ag to*

F. Ata gach aon-peacadh ag to agus Mallatha Dhe, araon san bheath san bheatha ata chum teachd.

85. C. *Ciod ata Dia ag iarraidh oirne chum 's gu feada-  
maid tearnadh o fheirg, agus o a mhallacha an a thoill sinne  
thaoibh air peacaidh?*

F. Chum tearnadh o fheirg, agus o mhall-  
acha Dhe a thoill sinne air-son ar peacaidh, ata  
Dia ag iarraidh oirne creideamb ann Iosa Criost,  
aithrigheas chum na beatha, maille re gnath-  
acha dicheallach a dheanadh air na meadhonaibh  
ata ann leath a muigh, leis an bheil Criost, a'  
co' pairteacha rinn sochaire na saoirse.

86. C. *Creud is creidimh an Iosa Criost ann?*

F. Creideamb an Iosa Criost, is Gràs slainteil  
e, leis an bheil sinne ga ghabhail- san agus 'gar  
socracha fein air-san na aonar chum slainte, mar  
ata se air a thairgse dhuinne san t soisgeul.

87. C. *Creud is Aithrigheas chum na beatha ann?*

F. Aithrigheas chum na beatha, is Gràs slain-  
teil e, leis an bheil an Peacach (air mothacha dha  
gu cheart da pheacadh fein, agus do throcair Dhe  
ann an Criost) le doilleas agus le fuath a pheaca-  
idh, ag iompadh uatha gu Dia, le lan rùn, agus  
gnathairgse unadh-umhlachd a thabhairt dha.

88. C. *Creud iad na Meadhoin o'n leath a muigh, leis  
an bheil Criost ag co'-pairteacha rinne sochaire na saoirse?*

F. Is iad na Meadhoin sin, orduighean Chrìost  
gu haraid an Focal, Sacramaintibh, agus Ur-  
naigh: Ata gu b uilidh air an deanadh eifeach-  
dach chum Slainte do na Daoine taghta.

89. C. *Cionnas ata an Focail air a dheanadh eifeachdach  
chum slainte?*

F. Ata Spiorad De ag deanadh leughadh an  
Fhocail, ach gu hairidh a Shearmonacha na  
Mheadhon eifeachdach chum Peacaich fhaigail  
ris, agus d'an iompadh, agus d'an togbail suas  
ann an Naomhadh. agus an co'-fhurtachd trid  
Creidigh chum Slainte.



90. C. *Cionnas is coir an Focal do leubhagh, agus eis-teachd, chum is gu biodh e eifeachdach chum Slainte?*

F. Chum 's gu deanta an Focal eifeachdach chum Slainte, is feimeil Duinne aire thabhairt dha le ullumhacha, le Urnuigh, agus le dicheall, a ghabhail chugain le Creideamh, agus Gradh, a chur an taisge ann air Criodheacha agus a chur an gnìomh ann ar beatha.

91. C. *Cionnas ata na Sacramaintibh air an deanadh na Meadhoin eifeachdach chum Slainte?*

F. Ata na Sacramaintaibh air an deanadh eifeachdach cum Slainte, ni h ann o bhriogh air bith ata ionta fein, no san ti do ni am fritheola, ach trid beamacha Chrìost àmhain, agus oibreacha a Spioradsan, san droing a ghabhas iad le Creideamh.

92. C. *Creud is Sacramaint ann?*

F. An t Sacrament, is ordugh naomha le Crìost i, ann am beil Crìost, agus sochaire Chumhnanta nan gras, air an taisbeanadh, agus air an Seulacha, agus air an cur ris na Criedmhigh le Comharaibh corpora so-fhaicsin.

93. C. *Co iad Sacramaintibh an Tìomna nuaidh?*

F. Is iad Sacramaintaibh an Tìomna nuaidh, Baisteadh, agus Suipeir an Tighearna.

94. C. *Creud is Baisteadh?*

F. An Baisteadh is Sacramaint e, ann a bheil ionlad le h uisge, ann an ainm an Athair, an Mhic, agus an Spioraid-naoimh, ag ciallacha, agus ag seulacha, gu bheil sinne air ar suidheacha ann an Crìost, agus ann ar luchd co'-pairt do Shochairibh Chumhnant nan Gras, agus ag seulacha fos air Bòid gur leis an Tighearna sinn.

95. C. *Co dù'n coir am Baisteadh a Fhritheoladh?*

F. Ni n coir am Baisteadh a fhritheoladh, dh'aon neach ata an taobh a muigh do'n Eaglais



fhaicsinnich, no gu'n aidmheil iad an Creideamh ann an Criost, agus an Umblachd dha, ach is coir Naoidheana na droinge, ata na'm buill do'n Eaglais fhaicsinnich a bhaisteadh.

96. C. *Creud i Suipeir an Tighearna ?*

F. Suipeir an Tighearna is Sacramaint i, ann a bheil bàs Chrìost air fhoillseacha, le aram agus fion a thabhairt, agus a ghabhail do reir orduigh fein, agus an droing a ghabhas chuca gu iomchuidh iad, ata siad (ni air mhodh feolmhar, ach) trid Creidimh air an deanadh nan luchd co-pairt da Chorp agus da fhuil san, le uile Shochairibh, chum an altrum, agus am fàs ann Gras.

97. C. *Creud is feimeil do'n droing sin a dheanadh, leis am bail Suipeir an Tighearna do ghabhail gu h-ìomchuidh ?*

F. Is feimeil dhoibh iad-fein a cheasnacha ann nan eolas, chum aithne do dheanadh air Corp an Tighearna, ann nan Creideamh, chum beatha an Anama a tharraing as, ann nan Aithreachas, nan Gradh, agus nan nuadh-umblachd, d'eagal, air teachd dhoibh gu neimh-ìomchuidh gu 'n ithfid, agus gu'n òlfuid Breitheamhnais dhoibh fein.

98. C. *Creud is Urnaigh ann ?*

F. Is i is urnaigh ann, tabhairt suas air 'n Athchuinge do Dhia, ag iarraidh nitheana do reir a thoill ann an ainm Chrìost, ag aidmheil ar peacaidh, agus ag tabhairt bhuidheachas dha air-son a Thiolacaibh.

99. C. *Creud i an Riaghail a thug Dia Dhuinne d'ar Seoladh ann an Urnaigh a dheanadh ?*

F. Ata focal Dhe gu h-uilidh ga'r Seoladh ann an Urnaigh do dheanadh, ach is i an Riaghail Shonraicht' a sheolas sinn, an Fhoirm Urnuigh sin do theagasg Chrìost da Dheisciopla da'n goirrear gu coitcheann Urnaigh an Tighearna.

100. C. *Creud ata reamh-radh Urnuigh an Tighearna ag teagasg dhuinne?*

F. Ata reamh-radh Urnuigh an Tighearna (*Iodhon air 'n Athair ata air Neamh*) ag teagasg dhuinne, teachd an fogasg do Dhia le gach uil' urram naomha agus muinghin, mar chloinn chum an Athair, ata comasach, agus ullamb d'ar cuideacha; agus gu'r coir guidhe dheanadh maille re daoine eile, agus air an son.

101. C. *Creud ata sinn a' guidhe san chead Iartas?*

F. San chead Iartas, (*Iodhon gu ma beannuicht' t Ainmse*) ata sinn a' guidhe gu ma toill le Dia sinne, agus daoine eile a dheanadh comasach air e fein a ghloracha anns gach aon ni leis an bheil se ga fhoillseacha fein dhuinn, agus gu ma toill leis gach ni a Shuidheacha agus orducha chum a ghlòire fein.

102. C. *Creud ata sinn a' guidhe san dara Iartas?*

F. San dara Iartas, (*Iodhon gu tigeadh do Rioghachd-sa*) ata sinne a' guidhe Dhe Rioghachd an Aibhirseir a sgrios, agus Rioghachd nan Gras do mheadacha, sinne agus daoine eile do tharraing da h ionsuidhe, agus do choimhid iante, agus Rioghachd na Glòire do luathacha.

103. C. *Creud ata sinn a' guidhe san treas Iartas?*

F. San treas Iartas (*Iodhon, deantar do thoillse air an Talamh mar nithear air Neamh*) ata maid a' gnidhe Dhe, sinne do dheanadh comasach, agus deonach le a ghras, chum eolas a ghabhail air a thoill fein, do bhith freagrach, agus umhal dith anns gach aon ni amhuil mar ata na h Aingil air Neamh.

104. C. *Creud ata sinn a' guidhe san cheathramh Iartas?*

F. San cheathramh Iartas, (*Iodhon, tabhair dhuinn an diugh ar 'n Aran laitheil*) ata sinn ag iarraidh gu fuighmid do shaor thoirbheartas

Dhe, roinn chuimseach do nithibh maith na beathsa, agus gu mealamaid a bheannachd fein maille riu.

105. C. *Creud ata sinn a' guidhe san chuigeadh Iartas?*

F. San chuigeadh Iartas, (*Iodhon, agus maith dhuinne air fiacha, amhluidh mar mhaithe-mid d'ar Feicheannaibh*) atamaid a' guidhe Dhe maitheamhnas a thabhairt dhuinn gu saor ann ar n uile pheacaidh air-son Chrìost: agus is moid air misneach so iarraidh, gu bbeilmid air ar neartacha trid a Ghras-fan, ann a maitheamhnas thabhairt do dhaoine eile o ar croidhe.

106. C. *Creud ata sinn a' guidhe san t seathadh Iartas?*

F. San t seathadh Iartas, (*Iodhon, agus na leig am buaireadh sinn, ach saor sinn o olc*) ata sinn a guidhe Dhe air coimhid o bhith air ar buaireadh chum peacaidh: No ar conbhail suas, agus ar saoradh an tam a bhuairear finn.

107. C. *Creud ata co'-dhunadh Urnaigh an Tighearna ag theagasg dhuinne?*

F. Ata Co'-dhunadh Urnaigh an Tighearna, (*Iodhon, oir leatsa an Rioghachd, agus an eumhachd, agus a Ghloir, gu siorruidh, Amen.*) ag teagasg dhuinne misneach ann Urnuigh do ghabhail o Dhia amhain, agus ann ar 'n Urnuigh eisin do mholadh; le Rioghachd, Cumhachd, agus Glòir do thabhairt dha, agus mar fhianais air ar Miann, agus ar dearbh-beachd ann eisteachd fhaghail, deirmid, *Amen.*



## NA DEICH AITHEANTA.

## ECSODUS XX.

**L**ABHAIR Dia na briathra so uile, ag radh, Is mis' an Tighearn do Dhia, a thug a mach thu a tir na h-Eiphit, a tigh na daorsa.

I. Na biodh dec 'sam bith eile agad a'm' lathair-sa.

II. Na dean dhuit fein dealbh snaidhte, no coslas sam bith a dh'aon ni, a ta sna neamhaibh shuas, no air an talamh shios, no sna h-uisgeachaibh fuidh 'n talamh. Na crom thu fein sios doibh, agus na dean seirbhis doibh: oir mis' an Tighearn do Dhia, is Dia eudmhor mi, a' leantuinn aingidh-eachd nan aithreacha air a' chloinn, air an treas, agus air a' cheathramh ginealach dhiubhsan a dh'fhuathaicheas mi; agus a' nochdadh trocair do mhiltibh dhiubhsan a ghradhaicheas mi agus a choimhdeas m'aitheanta.

III. Na tabhair ainm an Tighearna do Dhe an diomhanas; oir cha mheas an Tighearn neo-chiontach esan a bheir 'ainm an diomhanas.

IV. Cuimhnich la na sabaid a naombachadh. Se laithean saothraichidh tu, agus ni thu t'obair uile. Ach air an t-seachdamh la tha sabaid an Tighearna do Dhe; air an la sin na dean obair sam bith, thu fein, no do mbac, no do nigh-ean, d'oglach, no do bhan-oglach, no d'ainmbhidh, no do choigreach a ta 'u taobh a stigh do d' gheataibh; oir ann an se laithibh rinn an Tighearn na neamhan agus an talamh, an fhairge, agus gach ni a ta anna; agus ghabh e fois air an t-seachdamh la; air an aobhar sin bheannaich an Tighearn la na sabaid, agus naomhaich se e.

V. Tabhair onoir do t'athair, agus do d' mhathair; a chum as gu'm bi do laithean buan air an fhearran a tha 'n Tighearn do Dhia a' t'airt dhuit.

VI. Na dean mortadh.

VII. Na dean adhaltrannas.

VIII. Na dean gaduigheachd.

IX. Na tabhair fiannuis bhreige 'n aghaidh do cho' earsnaich.

X. Na sauntaich tigh do choimhearsnaich; na saunt bean do choimhearsnaich, no 'oglach, no 'bhau-oglach 'dhamh, no 'asal, no aon ni a's le do choimhearsnach.



## URNUIGH AN TIGHEARNA.

## MATA VI.

AR n-Athair a ta air neamh. Gu naomhaichear t-ainm. Gu tigeadh do rioghachd. Gu deanar do thoil air thalamh, mar a nithear air neamh. Tabhair dhuinn an diugh ar n-aran lathail. Agus maith dhuinn ar fiacha, mar a mhaith-eamaid d'ar luehd-fiacha. Agus na leig sinn am bnaireadh, ach saor sinn o ole: Oir is leatsa an rioghachd, agus an cuinhachd, agus a' ghloir, gu sioruidh. AMEN.

## A' CHREUD.

CREIDEAM ann an Dia an t-Athair Uile-chumbachdach, Cruith-shear neimh agus na talmhainn; agus ann an Iosa Crìosd, 'aon mhac-san, ar Tighearn, neach a ghineadh o'n Spiorad Naomh, a rugadh leis an Oigh Muire, a dh'fhuiling fuidh Phonsius Pilat, a cheusadh, a fhuair bas agus a dh'adhlaiseadh, a chaidh sìos do staid nam marbh, a dh'eirich a ris o na marbhaibh air an treas la, a chaidh suas air neamh agus a ta 'na shuidhe air deas laimh Dhe an Athair Uile-chumbachdaich, agus as sin a thig a thoirt breith air na beothaibh agus air na marbhaibh. Creideam anns an Spiorad naomh, anns an eaglais naomh choitchionn, ann an cho-munn nan naomh, ann am maithneas peacaidh, ann an as-cirigh a' chuirp, agus anns a bheatha mharannaich. AMEN.

## AIR THOISEACH AIR BIADH.

O THIGHEARNA pheacaidh sinne a taghaidh, agus air an bharr sin chail sinn ar coir air tiolaca air bith, gidheadh abh thusa truas dhinn, agus thug thu ion dhuinn; a ghearna deonnuich dhuinn a ghabhail gu measara, agus aidheachas, agus dean Sinne le gnathacha meadhona so beatha, ni's iomchuidh ar-son do Sheirbhis fein trid Iosa t.

## AN DEIDH BIDH.

BUIDHEACHAS dhuits' o Thighearna air-son Chrìost agus air-son gach beannacha thug thu dhuinn maille ris, buidheachas dhuit's bheathaigh ar cuirp, ann san ams', o biodh an tiolaca so na thoiseach air tiolaicibh is mo, agus is fearr air an uil-ambhacha dhuinn ann an Crìost, agus deonnich dhuinn saoth-aireacha arson an bhìdh nach teirig, ach a mhaireas chum na beatha mhaireanaich trid Iosa Crìost. AMEN.

*Clar a dh'inshtis dhuit ainm rann na Caibidil, araon le literibh agus figuribh, O aon gu mìle, &c.*

Aon,	da,	tri,	ceathair,	cuig,	se,	seachd,	ochd,	naoi,	deich,
I.	II.	III.	IV.	V.	VI.	VII.	VIII.	IX.	X
1.	2.	3.	4.	5.	6.	7.	8.	9.	10.
fichid,	deich is fichid,	da fhichid,	deich is da fhichid,	tri-fichid,					
XX.	XXX.	XL.	L.	LX.					
20.	30.	40.	50.	60.					
deich is tri-fichid,	ceathair fichid,	deich is ceathair fichid,	ceud,						
LXX.	LXXX.	XC.	C.						
70.	80.	90.	100.						
da cheud,	tri cheud,	ceathair cheud,	cuig cheud,	mìle.					
CC.	CCC.	CCCC.	D.	M.					
200.	300.	400.	500.	1000.					

— — — — —











x

